


RIAGHALTAS NA H-ALBA PLANA GÀIDHLIG

2016-2021

Chaidh am Plana seo a dheasachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh air 5 Dàmhair 2016.



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot



Clàr


02	Facal-toisich bhon Mhinistear
04	Geàrr-chunntas
06	Structar Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba
08	CAIBIDEIL I - RO-RÀDH
09	Sealladh farsaing air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus ullachdadh Planaichean Gàidhlig
12	Sealladh farsaing air dleastanasan Riaghaltas na h-Alba
14	Gàidhlig ann an raon-obrach Riaghaltas na h-Alba
20	CAIBIDEIL II - BUN-DHLEASTANASAN
23	Earrann 1 - Dearbh-aithne agus Follaiseachd
24	Earrann 2 - Conaltradh agus Foillseachaidhean
27	Earrann 3 - Luchd-obrach agus Trèanadh
28	CAIBIDEIL III - DLEASTANASAN A THAOBH PLANA CÀNAIN NÀISEANTA NA GÀIDHLIG
29	Sealladh farsaing air Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig
31	Na dòighean anns a bheil Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do leasachadh na Gàidhlig aig an àm seo
34	Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba
38	CAIBIDEIL IV - GNÌOMHACHADH IS SGRÙDADH
41	Fiosrachadh Conaltraidh

FACAL-TOISICH BHON MHINISTEAR

Mar Leas Phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit le uallach airson na Gàidhlig, tha mi fìor thoilichte fàilte a chuir air foillseachadh an dàrna Plana Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba, air a dheasachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha na dleastanasan a tha sa Phlana seo a' togail air an taic a th' air a bhith againn dhan Ghàidhlig bhon a dh'fhoillsich sinn a' chiad Plana againn ann an 2010. Tha iad a' mìneachadh mar a chuidicheas Riaghaltas na h-Alba le coileanadh Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig le bhith a' toirt an cothrom Gàidhlig a chleachdadh ann an obraichean agus seirbheisean, agus mar a bheir sinn taic do dh'ùghdarrasan poblach eile an dleastanasan fhèin dhan Ghàidhlig a choileanadh. Ni seo cinnteach gum faigh an cànan taic anns gach raon de bheatha phoblach na h-Alba.

Tha a' Ghàidhlig na cànan a tha beò am measg dualchas cultarail na h-Alba. Tha beachdan an Riaghaltas seo gu math soilleir mun phuing seo - tha sinn airson gum tig àrdachadh san àireamh de dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig. Le bhith ag obair còmhla gus na h-amasan seo a ruighinn, 's urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig a' Ghàidhlig an Alba san àm ri teachd.



Iain Swinney BPA

Leas Phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean

GEÀRR-CHUNNTAS

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt riatanach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba an latha an-diugh, agus gur e maoin a th' ann a tha a' toirt luach eaconomach agus sòisealta don dùthaich. Tha Riaghaltas na h-Alba air ceumannan a ghabhail agus air na structairean agus iomairtean a tha a dhìth a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig a' Ghàidhlig an Alba san àm ri teachd.

Ach, tha suidheachadh na Gàidhlig fhathast air leth cugallach. Ma tha a' Ghàidhlig gu bhith beò agus seasmhach anns na làithean ri teachd, feumar oidhirp làidir bhon Riaghaltas, an earrann phoblach, an earrann phrìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- sgilean labhairt, leughaidh agus sgrìobhaidh sa Ghàidhlig a leasachadh
- cleachdadh na Gàidhlig ann an co-theacsan sòisealta, foirmeil agus obrach a bhrosnachadh
- barrachd inbhe agus aithne a thoirt don Ghàidhlig, gus an cluinnear agus gum faicear Gàidhlig nas trice
- a' Ghàidhlig a leasachadh mar chànan èifeachdadh, cunbhalach is beairteach

Tha leasachadh Planaichean Gàidhlig le ùghdarrasan poblach na phrìomh phàirt de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Planaichean Gàidhlig a' cuideachadh le daingneachadh agus innse do luchd-obrach buidhne dè am poileasaidh an co-cheangal ri cùisean na Gàidhlig agus a' dèanamh soilleir do luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig dè na seirbheisean a dh'fhaodas iad a shùileachadh tron Ghàidhlig.

'S e an dàrna iris de Phlana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a tha seo, air ullachadh taobh a-staigh frèam Achd 2005. Tha e a' mìneachadh ciamar a nì sinn feum den Ghàidhlig nar n-obair, ciamar a bheir sinn cothrom air cleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios daoine an coluadar leis an riaghaltas, agus ciamar a bhrosnaicheas sinn leasachadh na Gàidhlig. Tha dleastanas sònraichte aig Riaghaltas na h-Alba a bhith a' cumail taic ris a' Ghàidhlig, a' cuideachadh Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean eile gus na toraidhean aig Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17 a choileanadh.

Tha co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean eile cudromach airson taic airson na Gàidhlig a choileanadh agus tha sinn airson gach buidheann a bhrosnachadh san raon seo. Nì atharrachaidhean beaga anns na dòighean-obrach againn uile diofar mòr agus sinn ag obair gu ruige amasan nas brioghmhoire.

STRUCTAR PLANA GÀIDHLIG RIAGHALTAS NA H-ALBA

'S iad na prìomh phàirtean den Phlana Gàidhlig againn:

► **Caibideil I – Ro-ràdh**

Tha a' chaibideil seo a' toirt bun-fhiosrachadh mu Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus na prìomh nithean a tha innte. Tha dealbh farsaing air a thoirt de na prìomh sholairan reachdail co-cheangailte ri ullachadh Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005. Tha geàrr-chunntas air structair Riaghaltas na h-Alba agus a phrìomh raointean obrach ann cuideachd.

► **Caibideil II – Bun-dhleastanan**

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh ciamar a nì Riaghaltas na h-Alba feum den Ghàidhlig, agus ciamar a bheir iad cothrom air a cleachdadh an lùib a phrìomh ghnìomhan obrach. Tha e a' gabhail a-steach prìomh raointean obrach mar ar dearbh-aithne chorporra, mar a bhios ar litrichean agus post-dealain air an làimhseachadh agus cleachdadh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn. Tha a' chaibideil a' mìneachadh na h-ìre as ìsle de sholarachadh na Gàidhlig a tha sinn a' dol a dh'ullachadh anns na còig bliadhna a mhaireas am plana. Tha sinn mothachail gu bheil an suidheachadh cànanach air eadar 2010 agus an-diugh, agus tha sinn air an tionndadh seo den Phlana a chur air dòigh gus an cothrom a thoirt dhuinn solarachaidhean a chur ris mar a bhios feumail is freagarrach.

► **Caibideil III – Dleastanasan a thaobh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig**

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chuidicheas Riaghaltas na h-Alba ann an gnìomhachadh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig. Tha geàrr-chunntas ann de phròiseactan agus buidhnean a fhuair taic ann an 2010-2015. Tha cuideachd dleastanasan ann bho Riaghaltas na h-Alba, an-diugh agus san àm ri teachd, airson toraidhean Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig a choileanadh.

► **Caibideil IV – Gnìomhachadh is Sgrùdadh**

Tha an caibideil seo a' mìneachadh mar a bhios gnìomhachadh ar Plana Gàidhlig air a ghluasad air adhart, agus mar a nithear sgrùdadh air a' gnìomhachadh.

CAIBIDEIL I

RO-RÀDH

Sealladh farsaing air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus ullachdadh Planaichean Gàidhlig

► Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Bha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 air a cur an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil ri inbhe thèarainte fhaighinn don Ghàidhlig mar chànan le spèis co-ionnan ris a' Bheurla.

Tha an dearbh àm seo riatanach don Ghàidhlig san àm ri teachd. Tha suidheachadh a' chànain air leth lag agus le àireamhan nan daoine a tha a' bruidhinn na Gàidhlig gu fileanta a' crìonadh tha cunnart ann nach mair a' Ghàidhlig mar chànan beò an Alba. Tha e riatanach ceumannan a ghabhail gus a' Ghàidhlig a dhèanamh seasmhach an Alba.

'S e aon de na prìomh nithean ann an achd 2005 an t-ullachadh a tha a' toirt cothrom do Bhòrd na Gàidhlig (a' phrìomh bhuidheann leasachaidh Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba) iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Bha an t-ullachadh seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gum bi an roinn phoblach an Alba a' gabhail a pàirt ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd tro bhith ag àrdachadh a h-inbhe agus a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh cothroman practaigeach airson a bhith ga cleachdadh.

► An riatanas a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig

Tha an riatanas airson buidheann poblach a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig a' tòiseachadh le Bòrd na Gàidhlig a' cur a-mach fios foirmeil airson sin fo earrann 3 de dh'Achd 2005. Às dèidh fios fhaighinn an toiseach ann an 2006, chaidh Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba aontachadh le Bòrd na Gàidhlig san Ògmhios 2010.

Tha pròiseas leasachadh a thaobh planadh a' leantainn le dùil gun cùm buidhnean orra le dleastanasan fhad 's a tha iad a' deisealachadh an dàrna iris den Phlana aca. Seo an ìre aig a bheil Riaghaltas na h-Alba sa phròiseas seo.

► **Priomh nithean air am feumar beachdachadh ann an ullachadh Plana Gàidhlig**

Tha Achd 2005 a' comharrachadh grunn shlatan-tomhais sònraichte dom feum buidhnean a tha ag ullachadh Planaichean Gàidhlig aire a thoirt. Tha iad sin air an dealbh gus dèanamh cinnteach gu bheil na Planaichean Gàidhlig a tha air an ullachadh coileanta, co-chòrdail agus iomchaidh do shuidheachadh fa leth na buidhne a tha ga ullachadh.

- (i) an ìre a tha Gàidhlig ga cleachdadh le daoine dom bi an t-ùghdarras a' cur a dh-leastanasan an gnìomh, agus an comas air cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh an co-cheangal ri coileanadh nan gnìomhan sin

Tha seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun toir na planaichean Gàidhlig air an ullachadh le buidhnean poblach aire don àireamh luchd-labhairt a tha taobh a-staigh an raon-obrach aca, agus an comas air cleachdadh a' chànain a leudachadh. San fharsaingeachd, thathar a' sùileachadh gun deasaich buidhnean poblach le àireamhan mòra de luchd-labhairt Gàidhlig taobh a-staigh an raon obrach aca Planaichean Gàidhlig nas làidire.

Tha raon obrach Riaghaltas na h-Alba a' gabhail a-steach Alba gu lèir, agus mar sin 's e prìomh adhbhar a' Phlana seo a bhith a' cur taic ri Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig (faicibh (iii)).

- (ii) stiùireadh reachdail mu ullachadh Phlanaichean Gàidhlig air fhoillseachadh le Bòrd na Gàidhlig fo earrann 8 de Achd 2005

Tha Bòrd na Gàidhlig air stiùireadh reachdail fhoillseachadh fo earrann 8 de dh'Achd 2005, a tha a' toirt comhairle air mar bu chòir Planaichean Gàidhlig a dhealbh agus air an susbaint air am bu chòir do bhuidhnean poblach meòrachadh.

- (iii) Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig

'S e sgrìobhainn reachdail a tha ann am Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig air a dheasachadh le Bòrd na Gàidhlig fo earrann 2 de Achd 2005, agus tha an treas tionndadh den Phlana Nàiseanta an dùil ri co-chomhairleachadh agus foillseachadh ann an 2017. Tha am Plana Nàiseanta a' toirt sealladh iomlan air feuman leasachaidh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach cùisean togail cànain, cleachdadh cànain, inbhe cànain agus corpas cànain. Tha e a' mìneachadh prìomhachasan airson leasachadh na Gàidhlig, agus a' comharrachadh buidhnean a dh'fhaodas cuideachadh len coileanadh. Tha dreuchd sònraichte aig Riaghaltas na h-Alba sa phròiseas seo, agus tha seo air a mhìneachadh ann an Caibeidil III.

- (iv) tagraidhean sam bith a rinneadh ris a' bhuidhinn phoblaich a tha ag ullachadh a phlana mun dòigh a tha e a' cleachdadh na Gàidhlig

Tha seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun toir buidhnean poblach aire do bheachdan bhuidhnean le ùidh sa chùis nuair a tha iad ag ullachadh am Planaichean Gàidhlig. 'S e a' phrìomh dhòigh air na beachdan sin fhaighinn le Riaghaltas na h-Alba co-chomhairleachaidhean poblach mun dreachd Phlana.

(v) prionnsabal spèis cho-ionann

Bha prionnsabal spèis cho-ionann air fhilleadh a-steach ann an Achd 2005 le Pàrlamaid na h-Alba mar aithris dheimhinneach gu bheilear a' cur meas air a' Ghàidhlig, a' toirt feart air a' mhiann aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gum bi cleachdadh na Gàidhlig cho nàdarach 's a ghabhas nam beatha, gum biodh spiorad bhlàth don Ghàidhlig air feadh Alba, agus nach bu chòir don chànan fulang tro chion spèis sam bith bho dhaoine fa leth no bho bhuidhnean.

Tha stiùireadh a' Bhùird ag aithris gur dòcha nach eil spèis cho-ionann don Ghàidhlig a' leantainn gu dèiligeadh co-ionann don Ghàidhlig agus don Bheurla, no gum feum ìre shònraichte de sholarachadh Gàidhlig a bhith ri fhaotainn anns gach suidheachadh. 'S ann a tha e a' misneachadh bhuidhnean poblach gu bhith a' strì, a dh'aindeoin dè an suidheachadh cànan sònraichte a tha romhpa, a bhith taiceil agus fialaidh do leasachadh na Gàidhlig agus am Planaichean Gàidhlig ullachadh le sùil ri cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh cho furasta 's a ghabhas a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin.

Nuair a tha sinn a' lìbhrigeadh sheirbheisean tron Ghàidhlig, nì sinn cinnteach gum bi an ìre agus càileachd den aon ìre 's a bhiodh iad tron Bheurla.

► **Co-chomhairleachadh air dreachd Phlana Gàidhlig**

A rèir Achd 2005 feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Gàidhlig aca a thoirt gu aire dhaoine aig a bheil ùidh ann. Gus seo a dhèanamh, rinn Riaghaltas na h-Alba co-chomhairle phoblach air dreachd den phlana Gàidhlig aige sa Chèitein 's an Ògmhios 2015. Faodar na freagairtean agus aithisg air na toraidhean rannsachaidh aig <https://consult.scotland.gov.uk/curraicealam-measadh-gaidhlig/consultation-on-the-draft-scottish-government-gael>.

► **Aonta do Phlana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba**

Chaidh Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 5 Dàmhair 2016.

Sealladh farsaing air dleastanasan Riaghaltas na h-Alba

'S e Riaghaltas na h-Alba an riaghaltas tiomnaichte airson Alba. Bha Riaghaltas na h-Alba air a stèidheachadh ann an 1999, às dèidh nan ciad thaghadhean gu Pàrlamaid na h-Alba. Tha Riaghaltas na h-Alba air a stiùireadh le Prìomh Mhinistear ainmichte leis a' Phàrlamaid agus a tha an dèidh sin a' cur an dreuchd Ministearan na h-Alba.

Tha seirbheisich chatharra Riaghaltas na h-Alba cunntachail do Mhinistearan na h-Alba, agus tha iadsan cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba. Tha prìomh bhòrd Riaghaltas na h-Alba, Bòrd an Ro-innleachd, air a stiùireadh leis an Rùnaire Maireannach agus 's iad buill a' Bhùird Àrd-

stiùirichean nam prìomh Bhuidhnean-stiùiridh aig Riaghaltas na h-Alba, an Àrd-chomhairliche Saidheansail, an Àrd-chomhairliche Eaconomach, agus Ceannard Oifis a' Chrùin agus Seirbhis Luchd-casaid a' Chrùin (COPFS), còmhla ri trìuir Stiùirichean Neo-ghnìomhach.

Tha Achdan na h-Alba (1998, 2012 agus 2016) a' clàradh na cùisean a tha glèidhte aig Pàrlamaid na RA. Tha cùis sam bith nach eil glèidhte, no air a mhìneachadh anns an Achd mar a bhith taobh a-muigh comas Pàrlamaid na h-Alba, tiomnaichte. Chithear cùisean a tha tiomnaichte gu h-ìosal:

► Tha cùisean tiomnaichte a' gabhail a-steach:

- slàinte
- foghlam agus trèanadh
- riaghaltas ionadail
- obair shòisealta
- taigheadas
- dealbhadh
- turasachd, leasachadh eaconomach agus taic ionmhais do ghnìomhachas
- cuid de chùisean còmhdaidh, a' gabhail a-steach lìonra rathaidean na h-Alba, poileasaidh mu bhusaichean agus cidheachan is calaidhean
- lagh agus cùisean na dùthcha, a' gabhail a-steach a' chuid as motha de roinnean lagh eucorach agus catharra, an siostam casaid agus na cùirtean
- am Poileas agus seirbheisean Smàlaidh
- an àrainneachd
- dualchas nàdarra agus togte
- àiteachas, coilltearachd agus iasgach
- spòrs agus na h-ealain
- staitistig, agus clàran poblach
- cuid de chumhachdan a thaobh cìsean agus sochairean (a-rèir Achd na h-Alba 2016)

Tha prìomh oifisean Riaghaltas na h-Alba ann an Dùn Èideann, aig Cidhe Bhictòria, Taigh Naomh Anndrais agus Taigh Saughton; agus ann an Glaschu, aig Cidhe Atlantaig agus Togalach Europa. A bharrachd air sin, tha oifisean sgèireil againn bho Bhaile na h-Eaglais sa Cheann a Tuath chun an t-Sròin Reamhair sa Cheann a Deas.

Tha obair Riaghaltas na h-Alba air a lìbhrigeadh le:

- **Riaghaltas na h-Alba** – an t-seirbheis chatharra ghnàthach an Alba le na prìomh Bhuidhnean-stiùiridh Ionnsachadh agus Ceartas; Ionmhas; Eaconomaidh; Slàinte agus Cùram Sòisealta; Coimhearsnachdan; Ro-innleachd agus Cùisean Taobh a-Muigh; agus Oifis an Rùnaire Mhaireannaich.
- **Buidhnean poblach** – Buidhnean-gnìomha, buidhnean poblach neo-roinneil (NDPBan) agus buidhnean eile a tha a' coileanadh diofar ghnìomhan reachdail, riaghlach agus comhairleachaidh às leth Riaghaltas na h-Alba. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus liosta de bhuidhnean poblach a th' ann an-diugh aig <http://www.gov.scot/Topics/Government/public-bodies>.
- **Buidhnean iomairt** – buidhnean comhairleachaidh air an stèidheachadh le Ministearan gus cùisean sònraichte a rannsachadh agus aithris a thoirt orra. Cha mhair Buidhnean Gnìomha ach ùine ghoirid, mar as trice mu bhliadhna, agus bidh iad a' dol à bith nuair a bhios an aithris deiseil.

Gàidhlig ann an Raon-obrach Riaghaltas na h-Alba

Tha raon obrach Riaghaltas na h-Alba a' gabhail a-steach Alba gu lèir. Mar sin, tha gach neach-labhairt Gàidhlig agus coimhearsnachd Ghàidhlig an Alba taobh a-staigh na sgìre sa bheil Riaghaltas na h-Alba ag obrachadh a' gabhail a-steach a h-uile sgìre sa bheil daoine comasach air tuigsinn, labhairt, leughadh no sgrìobhadh Gàidhlig nam mòr-chuid dhen àireamh-sluaigh, a bharrachd air sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig a' fàs ann an inbhe.

► **Cunntasan-sluaigh nàiseanta - Luchd-labhairt na Gàidhlig**

Tha na toraidhean bho Chunntas-sluaigh 2011 air dearbhadh nach eil an crìonadh san àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig cho luath sa bha e ann an 2001. Chaidh 87,056 duine a chlàradh le comas labhairt agus/neo leughaidh agus/neo tuigsinn a' Ghàidhlig gu h-iomlan. Nam measg tha comas labhairt sa Ghàidhlig aig 58,000 (1.1% den phoball) aois trì neo nas sine an Alba. Tha seo air tighinn sìos bho 59,000 (1.2% den phoball) ann an Cunntas-sluaigh 2001, a tha nas fheàrr na na toraidhean bhon Chunntas-sluaigh roimhe a sheall crìonadh de 11% ann an luchd-labhairt na Gàidhlig.

Ann an 2011, bha an earrann den t-sluagh aois trì neo nas sine an Alba le comas labhairt, leughaidh, sgrìobhaidh neo tuigsinn sa Ghàidhlig 1.7% (87,056), an coimeas ri 1.9% (92,000) ann an 2001. Sa bhuidheann seo, bha an àireamh le comas labhairt, leughaidh, sgrìobhaidh agus tuigsinn aig 32,000, 0.6% den phoball aois trì neo nas sine; bha seo aig an aon ìre ri 2001.

Ged a bha crìonadh anns an earrann den t-sluagh le comas labhairt sa Ghàidhlig anns a' chuid as motha de dh'aoisean, bha meudachadh san fheadhainn fo aois 20. Uile gu lèir, bha meudachadh 0.1% eadar 2001 agus 2011 ann an luchd-labhairt na Gàidhlig eadar aois 3 agus 19.

Tha luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh Alba. Am measg an fheadhainn a thuirte gun robh iad nan luchd-labhairt ann an Cunntas-sluaigh 2011 bha an co-roinn as àirde le comas labhairt sa Ghàidhlig anns na h-Eileanan Siar (52%), a' Ghàidhealtachd (5%) agus Earra-Ghàidheal agus Bòid (4%). Tha cuideachd àrdachadh de cho-roinn den choimhearsnachd Gàidhlig a tha sna bailtean mòra, le àireamh nas àirde a' fuireach ann an Obar Dheathain, Dùn Èideann, mòr-roinn Ghlaschu agus Inbhir Nis.


Tha am mapa air an ath duilleag a' sealltainn an dùmhlachd agus an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba, a-rèir Cunntas-sluaigh 2011. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Chlàran Nàiseanta na h-Alba, air an làrach-lìn www.scotlandscensus.gov.uk.

Luchd-labhairt Gàidhlig 2011 Gaelic speakers

- ≤1.125% (national average)
- <15%
- <50%
- 50%+ with speaking ability

a rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1
by Local Administrative Units, Level 1

Cuilbh a rèir 97 gu 14,066 luchd-labhairt Gàidhlig
Columns according to number of Gaelic speakers 97 to 14,066



Le dàta bho NRS © Còir copairidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.
Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdanais © Còir copairidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.
Made by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.

► Foghlam Gàidhlig


Tha foghlam Gàidhlig na phrìomh eileamaid den Ghàidhlig ann an Alba, agus gheibhear ann an iomadh cruth agus ìre air feadh Alba. Bha 3,004 sgoilear ann am foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig ann an 2015-16, agus 1,003 ann an sgoiltean-araich a tha a' teagasg tron Ghàidhlig. Tha an dà bhuidheann seo air fàs bhon a chaidh a' chiad Plana Gàidhlig againn fhoillseachadh ann an 2010. A bharrachd air foghlam tron Ghàidhlig, tha cothrom aig 7,772 sgoilear ann an 11 sgìre comhairle a' Ghàidhlig ionnsachadh mar phàirt den iomairt 1+2 Cànan tro Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS). A-rithist, that an àireamh a tha seo air fàs anns na còig bliadhna a dh'fhalbh.

Aig ìre àrd-sgoile, tha 1,193 sgoilear a' faighinn ìre air choireigin de dh'fhoghlam tron Ghàidhlig ann an seisean 2015-16. Thathar an dùil gun tèid an àireamh seo suas le barrachd chuspairean rim faotainn tro e-ionnsachadh.

Tha na mapaichean air na duilleagan a leanas a' sealltainn far a bheil foghlam Gàidhlig ri fhaotainn ann an Alba. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air seo bho Bhòrd na Gàidhlig aig www.gaidhlig.scot.

Foghlam tron Ghàidhlig 2016-17 Gaelic Medium Education




- Bun-sgoil le sruth FtG Primary school with GME stream
- Bun-sgoil Ghàidhlig GME Primary School
- Bun-sgoil le sruth FtB GME primary with English ME stream
- Le sgoil-àraich FtG na cois With associated GME nursery
- ★ An cois àrd-sgoile le FtG Associated with secondary school with GME
- Ùghdarras ionadail le FtG Local authority with GME provision




Le dàta bho NRS © Còir copairidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.
 Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir copairidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.
 Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.
 Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.
 Made by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.

Foghlam Luchd-ionnsachaidh 2015–2017 Gaelic Learner Education

-  Bun-sgoil le FLi 2015-16 Primary with GLE 2015-16
-  Àrd-sgoil le FLi 2016-17 Secondary with GLE 2016-17
-  Sgìre comhairle le FLi Council area with GLE



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.
Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.
Made by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.

CAIBIDEIL II

BUN-DHLEASTANASAN

Tha na dleastanasan sa chaibideil seo a' sealltainn, a bharrachd air maoinachadh airson Bòrd na Gàidhlig agus pròiseactan eile co-cheangailte ri Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig, mar a chleachdas Riaghaltas na h-Alba a' Ghàidhlig anns na prìomh dhòighean-obrach againn. Seallaidh gach seirbheis agus goireas spèis co-ionnan airson Gàidhlig agus Beurla. Ged a tha na dleastanasan seo gu sònraichte a' buineadh do bhun-obraichean Riaghaltas na h-Alba, dh'fhaodadh buidhnean-gnìomha, NDPBan agus ùghdarrasan eile a tha a' coileanadh gnìomhan às leth Riaghaltas na h-Alba an toirt a-steach dha na h-obraichean aca fhèin far a bheil seo buntainneach, gus faighinn deiseil airson am Plana Gàidhlig aca fhèin.

Tha na bun-dhleastanasan againn anns na raointean a leanas:

Earrann 1 – Dearbh-aithne agus Follaiseachd

Earrann 2 – Conaltradh agus Foillseachaidhean

Earrann 3 – Luchd-obrach agus Trèanadh

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn gum faod pàirt cudromach a bhith aig gach gnìomh chorporra sin ann an àrdachadh ìomhaidh agus follaiseachd na Gàidhlig, agus ann a bhith a' cruthachadh cothroman practaigeach do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig.

Airson gach raon, seallaidh am Plana seo dòigh-obrach làthaireach Riaghaltas na h-Alba (na measg iomairtean a chaidh an toirt gu buil mu thràth), agus raointean leasachaidh, a' bualadh air na h-Amasan Àrd-Ìre air an do bheachdaich Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba tro phròiseas sgrùdaidh ar Plana. A bharrachd air seo, tha sinn fhathast a' cur taic ri dleastanasan bhon chiad Phlana far a bheil seo fhathast buntainneach a thaobh atharrachaidhean obrachail.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair thar gach ceàrn de dh'Alba. Mar sin, ann an leasachadh ar solarachadh Gàidhlig, bidh sinn a' cleachdadh na h-ìre solarachaidh as lugha a bhuineas do na raointean obrach againn uile, agus a' toirt ìre solarachaidh leasaichte ann an ceàrnaidhean sa bheil an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig agus iarrtas airson seirbhisean a' fàs. Bidh seirbhisean agus goireasan a gheibhear sa Ghàidhlig air an tairgsinn gu for-ghnìomhach.

► **Taic Làthaireach aig Riaghaltas na h-Alba dhan Ghàidhlig**

Chithear an taic a tha a' Ghàidhlig a' faighinn taobh a-steach Riaghaltas na h-Alba sa chlàr gu h-ìosal, le barrachd fiosrachaidh agus raointean leasachaidh sna h-earrainn a leanas.

Dearbh-aithne agus Follaiseachd	Conaltradh agus Foillseachadh	Luchd-obrach agus Trèanadh
<p>Suaicheantas dà-chànanach</p> <p>Soidhnichean dà-chànanach</p> <p>Ainmean Gàidhlig airson gach Buidheann-stiùiridh agus Roinn</p>	<p>Conaltradh sa Ghàidhlig air a bhrosnachadh agus air a fhreagairt sa Ghàidhlig</p> <p>Cuid de bhrathan-naidheachd, co-chomhairleachaidhean agus stuthan air-loidhne air am foillseachadh gu dà-chànanach far a bheil seo iomchaidh</p> <p>Tha an cothrom ann eadar-theangachaidhean dhan Ghàidhlig iarraidh de dh'fhoillseachaidhean Riaghaltas na h-Alba</p>	<p>Tha Oifigear Plana Gàidhlig air fhadhadh airson eadar-theangachaidhean a dhèanamh agus airson sùil a chumail air buileachadh a' Phlana</p> <p>Faodaidh luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba comhairle fhaighinn a thaobh mothachadh mun Ghàidhlig agus ionnsachadh cànan</p> <p>Tha an ìre de sgilean Gàidhlig air am meòrachadh airson obraichean far a bheil seo riatanach</p>

Earrann 1 – Dearbh-aithne agus Follaiseachd

Faodaidh Gàidhlig ann an dearbh-aithne chorporra cur gu mòr ri follaiseachd a’ chànain, agus tha e na aithris chudromach le ùghdarras poblach mun mheas agus an àite a tha aig a’ Ghàidhlig.

Tha inbhe a’ chànain air a ghlèidheadh le bhith a’ cumail suas càileachd, cunbhalachd agus beairteas a’ chànain ann an raointean poblach.

Tha Riaghaltas na h-Alba a’ tuigsinn cho cudromach ‘s a tha e a bhith a’ cruthachadh mothachadh fad is farsaing air cleachdadh Gàidhlig agus e a’ toirt iomhaigh fhiùghaireach dhi.

Dòigh-obrach làthaireach

- Tha suaicheantas dà-chànanach aig Riaghaltas na h-Alba, air a chleachdadh san àbhaist thar gach raon obrach againn.
- Tha tionndadh dà-chànanach ri fhaighinn airson gach teampalaid litreach, agus tha sgiobaidhean air am brosnachadh gus an cleachdadh airson gach litir a tha a’ tighinn bhon Riaghaltas.
- Tha eadar-theangachaidhean ann airson ainmean gach Buidheann-stiùiridh agus Roinn. Tha iad seo air an ùrachadh mar a dh’fheumar nuair a dh’atharraicheas na h-ainmean.
- Tha ceann-litreach dà-chànanach aig gach Ministear.
- Tha soidhnichean dà-chànanach air an cleachdadh air feadh togalaichean Riaghaltas na h-Alba, taobh a-muigh agus air dorsan, agus ann am fosglain poblach.
- Tha soidhnichean taobh a-muigh togalaichean Riaghaltas na h-Alba dà-chànanach, le togalaichean tuath is siar air Sligh-uisge a’ Ghlinne Mhòir ann an Gàidhlig an toiseach is an uairsin am Beurla, agus am Beurla an toiseach ann an àiteachan eile.
- Tha an suaicheantas dà-chànanach air a chleachdadh airson gach pìos aodaich corporra ùr airson luchd-obrach ann an togalaichean Riaghaltas na h-Alba, bhon Chèitein 2014.

	Raointean Leasachaidh	Ceann-là	Prìomh Raon Obrach
Amas àrd-ìre	Thèid suaicheantas Riaghaltas na h-Alba ùrachadh, a’ toirt spèis co-ionnan don Ghàidhlig.	2016	Margaidheachd
	Cumaidh sinn stòr-data de dh’ainmean Gàidhlig airson roinnean agus bhuidhnean, airson gum bi iad cunbhalach air feadh na buidhnean.	Amas àrd-ìre	Sgioba Gàidhlig is Albais/Goireasan/Didseatach
	Thèid teampalaidhean litreach dà-chànanach airson Ministearan, Buidhnean-stiùiridh agus Roinnean am moladh mar bhunait.	Leantainneach	Sgioba Gàidhlig is Albais

Earrann 2 – Conaltradh & Foillseachaidhean

Tha cleachdadh agus follaiseachd na Gàidhlig ann an conaltradh eadar a' mhòr-shluagh agus ùghdarras poblach a' cur ris a' mhothachadh gu bheil comas agus cothrom ann Gàidhlig a chleachdadh. A thuilleadh air a bhith ag àrdachadh ìomhaigh a' chànain, tha e cuideachd a' cruthachadh cothroman air a bhith ga cleachdadh agus a' misneachadh buill den phoball Gàidhlig a chleachdadh a' dèanamh gnothaich ris an ùghdarras phoblaich an dèidh làimhe.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sreath de stuth clo-bhuailte, anns na meadhanan agus air loidhne a' cur ri follaiseachd na Gàidhlig, agus ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am follaiseachaidhean

iomraiteach, agus faodaidh e cuideachadh a' deasachadh agus a' daingneachadh briathrachas. Tha seo a' sealltainn gu bheil ùghdarras ionadail airson cothrom a thoirt air fiosrachadh cudromach fhaighinn tron Ghàidhlig. Mar a gheibh barrachd dhaoine fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tron làraich-lìn aca, faodaidh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh cothroman airson Gàidhlig a chleachdadh ann an iomadh seòrsa suidheachadh làitheil agus a' gealltainn a bhith a' meudachadh na h-ìre solarachaidh san raon seo.

Dòigh-obrach làthaireach

- Tha soidhnichean dà-chànanach aig ionadan-fàilte anns gach prìomh thogalach aig Riaghaltas na h-Alba.
- Faodaidh luchd-obrach aghaidh an taighe agus sam Prìomh Aonad Fiosrachaidh conaltradh (fòn, post, post-d) a chur gu sgioba na Gàidhlig far am faodar neach-labhairt fileanta sa Ghàidhlig freagairt a thoirt dhaibh.
- Tha gach pìos conaltraidh a gheibhear sa Ghàidhlig a' faighinn freagairt sa Ghàidhlig. Tha seo a' tighinn gu sgioba na Gàidhlig airson eadar-theangachadh mar a dh'fheumar.
- Tha stuth eileagtronaigeach fèin-fhreagairt mar brathan-àichidh post-d san dà chànan, agus bidh san àm ri teachd.
- Tha beachdachadh mun Ghàidhlig airson cruth foirmean, agus foirmean dà-chànanach air an cur a-mach ma thèid an iarraidh. Tha sinn deònach, agus a' fàilteachadh, feum de fhoirmean sa Ghàidhlig, agus tha iad seo air am freagairt sa Ghàidhlig.
- Tha co-chomhairlean air an cur a-mach san dà chànan far a bheil seo iomchaidh, agus freagairtean sa Ghàidhlig air am brosnachadh. Gheibh freagairtean sa Ghàidhlig aithneachadh sa Ghàidhlig.
- Tha sinn a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig aig coinneamhan poblach far am bi àireamh mòr de luchd-labhairt na Gàidhlig an làthair. Faodaidh sinn comhairle a thoirt seachad mu dhòighean-obrach ma tha feum air eadar-theangachadh.
- Gheibhear eadar-theangachadh Gàidhlig den bhileag gearain againn air-loidhne.
- Faodar iomraidhean agus òraidean Ministereil fhaighinn ann an cruth dà-chànanach air iarrtas bho sgioba na Gàidhlig.
- Tha feadhainn de na fiosan naidheachd agus nithean air na meadhanan sòisealta againn air an cur a-mach san dà chànan, gu h-àraidh far a bheil ceangal ris a' Ghàidhlig.
- Tha an cothrom ann eadar-theangachaidhean dhan Ghàidhlig iarraidh de dh'fhoillseachaidhean Riaghaltas na h-Alba
- Tha Gàidhlig ri fhaighinn ann an dearbh-aithne pròiseactan conaltraidh ùr, m.e. làrach-lìn Oifis a' Phrìomh Mhinistear.
- Tha sinn a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an taisbeanaidhean sam bith a tha iomchaidh. Meòraichidh luchd-obrach air mar a tha susbaint neo luchd-amais an taisbeanaidh a' sealltainn am bu chòir fiosrachadh a bhith ann an Gàidhlig a bharrachd air a' Bheurla.
- Chaidh stiùireadh a dheasachadh le Oifis Conaltraidh Riaghaltas na h-Alba air mar a chleachdar Gàidhlig ann am brathan-naidheachd.
- Tha a' Ghàidhlig ri fhaighinn mar roghainn air ar bòrd-suidse fèin-obrachail.

	Raointean Leasachaidh	Ceann-là	Prìomh Raon Obrach
Amas àrd-ìre	Obraichidh sinn le Buidhnean-stiùiridh gus cothroman a lorg Gàidhlig a chleachdadh ann an naidheachdan agus sna meadhanan, a' dèiligeadh ri cùisean le cudromachd nàiseanta a bharrachd air cùisean a' buntainn don Ghàidhlig an Alba.	Rè beatha a' Phlana	Conaltradh/ Sgioba Gàidhlig is Albais
Amas àrd-ìre	Leanaidh sinn oirnn ag àrdachadh làthaireachd na Gàidhlig air làraich-lìn Riaghaltas na h-Alba (làrach-lìn corporra, làrach-lìn taobh a-staigh airson luchd obrach agus làraich-lìn ùra mar a tha iad air an leasachadh) fon phrionnsabal spèis cho-ionnan, follaiseachd agus cleachdadh na Gàidhlig.	Rè beatha a' Phlana	Didseatach/ Sgioba Gàidhlig is Albais
	Thèid stuthan a bharrachd a dh'fhaodas foillseachadh ann an Gàidhlig neo dà-chànanach aithneachadh, eadar-theangachadh agus fhoillseachadh.	Leantainneach	Sgioba Gàidhlig is Albais
	Gabhaidh sinn a-steach a' Ghàidhlig ri leasachaidhean a thaobh foillseachadh barrachd fiosrachaidh tro na meadhanan sòisealta.	Rè beatha a' Phlana	Conaltradh/ Sgioba Gàidhlig is Albais
	Bidh riochdaire aig Riaghaltas na h-Alba ri làimh airson agallamhan neo iomraidhean sa Ghàidhlig ma tha seo a dhìth air na meadhanan, agus foillsichidh iad gu bheil an cothrom seo ann.	Sa bhad	Conaltradh/ Ministearan/Sgioba Gàidhlig is Albais
	Bheir Sgioba Gàidhlig is Albais seachad comhairle air mar a chleachdar Gàidhlig ann an coinneamhan phoblach agus clàraidh iad iarrrtas sam bith airson seo	Rè beatha a' Phlana	Sgioba Gàidhlig is Albais

Earrann 3 – Luchd-obrach agus Trèanadh

Gus seirbhisean a lìbhrigeadh tron Ghàidhlig, feumaidh ùghdarrasan poblach na sgilean obrach agus cànan a dh'fheumas an luchd-obrach a leasachadh. Cuiridh cothroman ionnsachadh cànan airson luchd-obrach ri adhartachadh ionnsachadh Gàidhlig mar inbheach, agus ri adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail anns an àite-obrach. Cuiridh comharrachadh obraichean anns a bheil Gàidhlig na sgil ainmichte gu mòr ri inbhe a' chànan, agus ri comharrachadh gur e sgil fheumail a tha innte.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn cho cudromach 's a tha àite a thoirt don Ghàidhlig mar sgil obrach cudromach agus suidheachaidhean a chomharrachadh anns a bheil cleachdadh na Gàidhlig riatanach no feumail. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cothrom do luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh.

Dòigh-obrach làthaireach

- Tha sinn air seiseanan mothachaidh mun Ghàidhlig a chur air dòigh agus 's urrainn dhuinn comhairle a thoirt do luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba mu chothroman Gàidhlig ionnsachadh.
- Tha Riaghaltas na h-Alba a' fastadh Oifigear Plana Gàidhlig, ag obair ann an Sgioba na Gàidhlig is Albais, le dleastanas airson eadar-theangachaidhean agus a bhios a' dearcnacadh na dleastanasan sa Phlana seo.
- Tha an ìre de sgilean Gàidhlig air am meòrachadh airson obraichean far a bheil seo riatanach agus air an sanas nuair a thathar a' fastadh na h-obraichean seo.
- Chaidh a' Ghàidhlig ainmeachach mar sgile miannaichte ann am fastadh luchd-obrach airson ar Bun-aonad Conaltraidh.
- Tha trèanadh agus taic sa Ghàidhlig ri fhaighinn airson an sgioba Gàidhlig is Albais airson an cuideachadh an obair a dhèanamh gu h-èifeachdach.

	Raointean Leasachaidh	Ceann-là	Prìomh Raon Obrach
Amas àrd-ìre	Rannsaichidh sinn feumailean airson ionnsachadh na Gàidhlig le bhith faighneachd mun deidhinn, agus brosnachidh sinn do luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba iad.	Leantainneach	Sgioba Gàidhlig is Albais/ Leasachadh Dhaoine
	Bheir sinn an cothron do dh'àrd-oifigearan trèanadh mothachaidh fhaighinn mun Ghàidhlig.	Ro dheireadh 2017	Sgioba Gàidhlig is Albais
	Cleachdaidh sinn an Slighe Ionnsachaidh, lìonra trèanaidh Riaghaltas na h-Alba, airson taic a thoirt do dh'Oifigearan Ceangal Ionnsachaidh airson ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.	Leantainneach	Sgioba Gàidhlig is Albais/ Leasachadh Dhaoine

CAIBIDEIL III

DLEASTANASAN A THAOBH
PLANA CÀNAIN NÀISEANTA
NA GÀIDHLIG

Sealladh farsaing air a' Phlana Nàiseanta

'S e aon de na prìomh cumhachan ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 an dleastanas a tha air a chur air Bòrd na Gàidhlig a bhith ag ullachadh Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig agus stiùireadh a thoirt seachad mu bhith a' coileanadh pàirtean dheth. Tha Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig a' cur fòcas air iomairtean airson an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig an Alba àrdachadh agus na suidheachaidhean far a bheil Gàidhlig air a cleachdadh a leudachadh.

Le Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17 agus anns na bliadhnaichean ri teachd, obraichidh Riaghaltas na h-Alba le Bòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gum bi fàs ann an co-roinn luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba, ro 2021, chun na h-ìre aig an robh iad ann an Cunntas-sluaigh 2001. Tha geàrr-chunntas de na builean a th' air an cur a-mach leis a' Phlana Nàiseanta gu h-ìosal.

► **Geàrr-chunntas de Bhuilean bho Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17**

> **Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean**

Barrachd dhaoine òga a' togail is a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh, agus àrdachadh san àireamh chloinne a' dol gu foghlam thràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig.

> **Foghlam: Sgoiltean agus Tidsearan**

Àrdachadh gach bliadhna san àireamh a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTG), a' dùblachadh na h-àireimh a tha a' tòiseachadh gach bliadhna an-dràsta gu 800 ann an 2017.

Àrdachadh bliadhnaile san àireamh sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (FLI), an dà chuid ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean.

Leudachadh air na tha de chuspairean air an teagasg tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean.

> **Foghlam: Foghlam Seach-sgoile**

Àrdachadh san àireamh inbheach a tha a' togail na Gàidhlig on 2,000 no mar sin a tha ann an-dràsta gu 3,000 ann an 2017, agus leasachadh air sgilean cànain fhileantach.

> **Coimhearsnachdan**

Barrachd chothroman aig coimhearsnachdan is lìonraidhean luchd-labhairt a' Ghàidhlig a chleachdadh, is a' Ghàidhlig a bhith ga cleachdadh barrachd ann an tachartasan is seirbhisean coimhearsnachd.

> **Àite-obrach**

Leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach agus air cothroman cosnadh far a bheil feum air sgilean Gàidhlig airson gun gabh seirbhisean a thoirt seachad sa chànan.

> **Ealain agus Meadhanan**

Leasachadh air ealain agus meadhanan Gàidhlig mar dhòigh air a' Ghàidhlig a thoirt gu aire a' mhòr-shluaigh daoine a tharraing chun na cànain agus an deagh-ghean dhan Ghàidhlig a neartachadh tro chothroman a h-ionnsachadh, a cleachdadh agus a leasachadh.

> **Dualchas agus Turasachd**

A' Ghàidhlig a bhith nas fhollaisiche ann an dualchas is turasachd, agus barrachd feum a bhith ga dhèanamh dhen Ghàidhlig ann a bhith a' mìneachadh eachdraidh agus cultar na h-Alba.

> **Corpas**

Co-òrdanachadh air obair nam buidhnean a tha an sàs ann an leasachadh corpais Ghàidhlig gus a' Ghàidhlig mar chànan a dhèanamh làidir, feumail, cunbhalach is follaiseach ann an Alba.

> **Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba**

Tha an clàr a leanas a' sealltainn mar a tha Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba a' ceangal agus a' cur ri earrainn leasachaidh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

Raon Leasachaidh	Buil Nàiseanta: Àireamh agus mineachadh	
Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean Foghlam Corpas	5	Tha an cothrom as fheàrr aig ar cloinn soirbheachadh nam beatha.
	4	Tha ar daoine òga nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, com-pàirtichean èifeachdach is saoranaich chiallach.
	3	Tha sinn nas ionnsaichte, nas sgileile agus nas soirbheachaile, le cliù airson rannsachadh agus adhartas.
Coimhearsnachdan Àite-obrach	11	Tha coimhearsnachdan làidir, seasmhach agus taiceil againn far a bheil daoine a' gabhail uallach airson an giùlain fhèin agus a' bhuidhe a tha aige air daoine eile.
	2	Tha sinn a' coileanadh ar làn-chomais eaconamach le cothroman cosnaidh nas pailte agus nas fheàrr do ar daoine.
	6	Tha sinn beò nas fhaide agus tha sinn nas fhallaine.
Ealain agus Meadhanan Dualchas agus Turasachd	13	Tha sinn moiteil às ar n-ìomhaigh mar nàisean làidir, chothromach agus fhosgailte.
Am plana iomlan	16	Tha ar seirbhisean poblach aig ìre àrd is a' sìor fhàs nas fheàrr agus tha iad èifeachdach is a' freagairt air feuman an t-sluaigh.
	7	Tha sinn a' cur an aghaidh dìth co-ionannachd nar dòigh-beatha.

Tha Riaghaltas na h-Alba gu mòr an-sàs ann an leasachadh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2017-22 agus atharrachaidh sinn na dleastanasan sa Phlana seo mar a tha iomchaidh a-rèir na prìomhachasan agus builean a thèid an stèidheachadh nuair a thèid am plana nàiseanta ùr fhoillseachadh.

Na dòighean anns a bheil Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do leasachadh na Gàidhlig aig an àm seo

Tha Riaghaltas na h-Alba ag adhartachadh agus a' toirt taic do leasachadh na Gàidhlig ann an iomadh dòigh. Thathas a' dèanamh seo tro mhaoineachadh dìreach do bhuidhnean mar Bòrd na Gàidhlig, tro obair nam buidhnean poblach eadar-dhealaichte a tha a' coileanadh ghnìomhan às leth Riaghaltas na h-Alba, agus a tha ag obrachadh taobh a-staigh na h-àrainneachd reachdail agus poileasaidh a stèidhich Riaghaltas na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba.

Tha geàrr-chunntas air a thoirt gu h-ìosal air na h-eileamaidean as cudromaiche den structair taice seo.

► **Gnìomhachadh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005**

Thòisich Achd 2005 sa Ghearran 2006, a' cruthachadh frèam airson leasachadh Planaichean Gàidhlig le buidhnean poblach, agus a' stèidheachadh buidheann ùr, Bòrd na Gàidhlig, gus Gàidhlig adhartachadh agus a leasachadh. Mar sponsair Achd 2005, tha dlùth chom-pàirt aig Riaghaltas na h-Alba ann an gnìomhachadh na h-Achd.

► **Planaichean Gàidhlig**

Faodaidh Bòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarras poblach Plana Gàidhlig a dheasachadh. Faodar liosta de Phlanaichean Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh gu ruige seo aig <http://gaeliclanguageplansscotland.org.uk/>. Faodaidh buidhnean poblach a tha a' coileanadh ghnìomhan às leth Riaghaltas na h-Alba agus nach deach iarraidh Plana Gàidhlig a dheasachadh fhathast coimhead air am Plana seo agus air Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig airson ìre iomchaidh a thaobh dleastanasan Gàidhlig, gu h-àraid a thaobh faicsinneachd.

► **Bòrd na Gàidhlig**

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh fo Achd 2005 le raon-ùghdarras reachdail a bhith ag adhartachadh agus a' cuideachadh le bhith a' brosnachadh leasachadh na Gàidhlig. 'S e Bòrd na Gàidhlig prìomh bhuidheann leasachaidh Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba agus tha uallach air airson maoineachadh dìreach Riaghaltas na h-Alba airson leasachadh na Gàidhlig a stiùireadh. Tha buidseat bliadhna a' Bhùird airson leasachadh na Gàidhlig aig £5.1m ann an 2015/16 agus tron seo tha e a' toirt taic do dhiofar bhuidheann leasachaidh gus obair leasachaidh a dhèanamh ann am foghlam, san dachaigh agus sa choimhearsnachd. 'S e Bòrd na Gàidhlig a' phrìomh bhuidheann airson gnìomhachadh Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig agus nam prìomh pròiseactan anns a' Phlana a stiùireadh, agus airson iarraidh air buidhnean poblach Plana Gàidhlig a chruthachadh.

► **Meadhanan Gàidhlig Alba**

Tha MG ALBA a' faighinn £12.8m (ann an 2015/16) bho Riaghaltas na h-Alba. Leis an taic seo, tha MG ALBA, an co-bhonn ri Urras a' BhBC, ag obrachadh BBC Alba, an t-seirbhis teilebhisean Gàidhlig. Tha Riaghaltas na h-Alba air maoineachadh a thoirt seachad airson tuilleadh phròiseactan an co-bhonn ri MG ALBA, nam measg trèanadh agus duaisean FilmG, an làrach-lìn Learn Gaelic, an Ionad airson Gnìomhachas Cruthachail agus na Meadhanan, agus maoineachadh a bharrachd gach bliadhna airson prògraman.

► **Ùghdarrasan Ionadail**

Tha dreuchd shònraichte aig ùghdarrasan ionadail ann a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig ann an Alba. Tha ìre an t-solarachaidh a gheibhear ag atharrachadh a-rèir ìomhaigh na Gàidhlig anns na diofar sgìrean anns a bheil gach comhairle. Tha Riaghaltas na h-Alba a' solarachadh an sgèama nan Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig airson a bhith cinnteach gum mair leudachadh ann am foghlam Gàidhlig agus gu bheil e na phrìomhachas, agus tha an sgeama seo a' toirt seachad £4.482m ann an 2015/6. Faodaidh ùghdarrasan cuideachd tagradh airson maoineachadh calpa airson bun-structar co-cheangailte ri solarachadh foghlam Gàidhlig, le £10.7m air a thoirt seachad eadar 2010 agus 2015.

Am measg an reachdais le solarachaidhean Gàidhlig a bhuineas do dh'ùghdarrasan, tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980, Achd Inbhean an Sgoiltean na h-Alba msa. 2000, Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairle) (Alba) 2010, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

► **Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig**

Chaidh Stòrlann a stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba ann an 1999 airson a bhith a' foillseachadh agus a' sgaoileadh ghoireasan teagaisg do dh'fhoghlam Gàidhlig a cho-òrdanachadh. Tha Stòrlann a' faighinn maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba gach bliadhna, le taic a thaobh ro-innleachd agus coileanadh bho ùghdarrasan ionadail tro co-bhanntachd a' Bhuidhinn Stiùiridh Rianachd (MRG) agus buidhnean eile. Tha dreuchd shònraichte aig Stòrlann airson stuthan ionnsachaidh a chruthachadh airson ùghdarrasan ionadail agus luchd-solarachaidh foghlaim Gàidhlig eile, airson a bhith cinnteach gum bi seasmhachd agus fàs ann airson bliadhnaichean ri teachd.

► **Buidhnean foghlaim eile**

Tha dleastanas airson solarachadh agus stuthan foghlaim aig diofar bhuidhnean, bho ùghdarrasan ionadail gu buidhnean mar Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Foghlam Alba, agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, aig a bheil planaichean Gàidhlig air leth.

► Foghlam Àrd-ìre

Tha Sabhal Mòr Ostaig UHI, an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, a' faighinn maoiniachadh bliadhnail bho Riaghaltas na h-Alba airson Foghlam Gàidhlig Àrd-Ìre agus goireasan do luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a sholarachadh. A bharrachd air seo, tha Riaghaltas na h-Alba air taic a thoirt do phròiseactan an co-bhonn ri SMO, nam measg Ionad Fàs airson Gnìomhachas Cruthachail agus Cultarail, Pròiseact ConnectG, Ionad Chaluim Chille Ìle agus baile Gàidhlig a stèidheachadh sa Chill Bhig.

Tha Riaghaltas na h-Alba air taic a thoirt do rannsachadh agus cùrsaichean co-cheangailte ri leasachadh agus foghlam Gàidhlig aig Oilthigh Dhùn Èideann, Oilthigh Heriot Watt, Oilthigh Shrath Chluaidh, Oilthigh Obair Dheathain, Oilthigh Ghlaschu agus Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

► Buidhnean leasachaidh eaconamach

'S iad Iomairt na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) na prìomh bhuidhnean an Alba le uallach airson leasachadh eaconamach adhartachadh. Tha prìomh phàirt air a bhith aig HIE gu sònraichte ann a bhith a' toirt taic do leasachadh na Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Tha sin fìor gach cuid a thaobh cultair agus eaconamaidh, a' toirt taic do phròiseactan agus diofar iomairtean leasachaidh coimhearsnachd, agus chur iad a-mach o chionn ghoirid suirbhidh a' sealltainn an luach a th' aig Gàidhlig mar so-mhaoin eaconamach do ghnòthachas agus do choimhearsnachdan na h-Alba.

► Buidhnean roinn-shònraichte eile

Bidh iomadh seòrsa buidheann-gnìomha agus NDPB eile a' coileanadh gnìomhan às leth Riaghaltas na h-Alba, agus tron obair aca faodaidh iad cur ri inbhe na Gàidhlig. Tha Alba Chruthachail, Dualchas Nàdair na h-Alba, Clàraidhean Nàiseanta na h-Alba agus buidhnean eile uile an sàs ann an adhartachadh agus toirt taic don Ghàidhlig ann an iomadh dòigh.

► Maoiniachadh a bharrachd

Tha Riaghaltas na h-Alba, a bharrachd air seo, air maoiniachadh dìreach a thoirt do phròiseactan agus bhuidhnean eile airson amasan Plana Cànan Nàiseanta na h-Alba a choileanadh. Nam measg tha An Comunn Gàidhealach airson am Mòd Nàiseanta Rìoghail, Ceòlas, Comunn Eachdraidh Nis, Comunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal, Glaschu Beò, Pròiseact nan Ealan agus Tobar an Dualchais.

Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig & Riaghaltas na h-Alba

Tha dleastanas sònraichte aig Riaghaltas na h-Alba maoinachadh agus comhairle a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig airson a bhith cinnteach gun tèid amasan Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig a choileanadh. Tha na h-amasan gu h-ìosal, a' leantainn bhon chiad Phlana Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba, a' sealltainn iomadh dòigh a chumas Riaghaltas na h-Alba taic ri leasachadh na Gàidhlig anns an àm ri teachd.

Tha na h-amasan seo co-cheangailte ri na ceithir roinnean planaidh cànain a leanas:

- **Togail cànain:** a' leasachadh sgilean labhairt, leughaidh agus sgrìobhaidh dhaoine sa Ghàidhlig
- **Cleachdadh cànain:** cleachdadh na Gàidhlig ann an co-theacsan sòisealta, foirmeil agus obrach
- **Inbhe:** a' Ghàidhlig a bhith ri cluinntinn is ri faicinn agus barrachd aithne agus inbhe a bhith aice
- **Corpas:** leasachadh na Gàidhlig mar chànan èifeachdach, riaghailteach is beairteach

► Togail cànain

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn gum feum seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd barrachd dhaoine a bhith ag ionnsachadh a' chàin agus feumaidh an aire sin a bhith gu h-àraidh air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbheach mar a' phrìomh dhòigh air seo a choileanadh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas a chuideachadh le bhith a' cruthachadh àrainneachd thaiceil gus an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh.

- Tha sinn air ar riochdachadh air Buidheann-stiùiridh Ro-innleachd Foghlam Nàiseanta na Gàidhlig (NGESSG), a tha a' toirt còmhla gach gnòthach a bhuineas don roinn foghlaim Gàidhlig, agus bheir sinn taic do Bòrd na Gàidhlig ann a bhith coileanadh molaidhean na buidhne.
- Leanaidh sinn oirnn a' solarachadh an sgèama de thabhartasan sònraichte airson foghlam Gàidhlig airson an roinn a leasachadh, agus leanaidh sinn oirnn leis an adhartas a tha sinn air a dhèanamh le maoinachadh a bharrachd, goireasan a bharrachd, taic calpa agus taic airson foghlam luchd-teagaisg.
- Tha sinn ag aithneachadh an dreuchd chudromach a th' aig luchd-teagaisg ann a bhith ag àrdachadh an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig. Mar sin, tha sinn air taic a thoirt don chùrsa GifT (Bogadh sa Ghàidhlig airson Luchd-teagaisg) agus leanaidh sinn oirnn ag obair le Bòrd na Gàidhlig agus gach buidheann co-cheangailte ri foghlam luchd-teagaisg airson gun dèan sinn cinnteach gum bi iomadh cothrom acasan a tha a' beachdachadh air trèanadh nan luchd-teagaisg Gàidhlig.
- Leanaidh sinn oirnn a bhith a' toirt seachad maoinachadh a bharrachd airson pròiseactan co-cheangailte ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig an Alba.
- Leanaidh sinn oirnn a bhith ag adhartachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig mar roghainn mhath do phàrantan, ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus Bòrd na Gàidhlig gus seo a lìbhrigeadh air feadh Alba.

- Leanaidh sinn oirnn a bhith ag adhartachadh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS), ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail, Foghlam Alba agus SCILT airson am frèam a leasachadh agus airson a bhrosnachadh air feadh sgoiltean.
- Leanaidh sinn oirnn a' brosnachadh agus a' cumail taic a ri leasachadh sgoiltean Gàidhlig air leth, agus sgoiltean le inbhe Gàidhlig, gus cuideachadh le bhith a' cruthachadh na h-àrainneachd as buannachdaile airson ionnsachadh na Gàidhlig.
- Leanaidh sinn oirnn a' rianachadh maoin calpa airson sgoiltean Gàidhlig gus taic a thoirt to dh'ùghdarrasan ionadail le bun-structar airson solarachadh foghlam Gàidhlig.
- Tha solarachaidhean susbainteach don Ghàidhlig ann am Bile an Fhoghlaim (Alba) 2015, a chaidh a toirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba sa Mhàirt 2015, a' cruthachadh pròiseas reachdail far an urrainn pàrantan iarrtas a chur a-steach don Ùghdarras Ionadail aca meòrachadh air solarachadh foghlam Gàidhlig a thairgsinn.
- Leanaidh sinn oirnn a' cur prìomhachas air foghlam inbheach Gàidhlig, a' cumail taic ri Sabhal Mòr Ostaig mar ionad airson ionnsachadh agus leasachadh cultarail na Gàidhlig, agus iomairtean foghlam inbheach Gàidhlig eile.
- Cumaidh sinn a' dol am maoin eachadh airson Oifigeair Trusaidh Luchd-teagaisg aig Bòrd na Gàidhlig.
- Obraichidh sinn còmhla ri ùghdarrasan ionadail airson planadh luchd-obrach a leasachadh airson sgoiltean Gàidhlig.
- Obraichidh sinn còmhla ri com-pàirtichean airson dòighean ùra a rannsachadh air dèanamh cinnteach gum bi solar luchd-teagaisg a rèir iarrtais
- Brosnaichidh sinn Ùghdarrasan Ionadail gus prìomhachas a chuir air a' Ghàidhlig mar L1, L2 no L3 fo iomairt cànan 1+2.
- Leanaidh sinn oirnn taic a thoirt do Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, a' bhuidheann air a bheil an t-uallach airson a bhith a' co-òrdanachadh agus a' sgaoileadh stòras foghlaim Gàidhlig air feadh Alba.

► **Cleachdadh cànan**

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn gum feumar, airson seasmhachd a chruthachadh don Ghàidhlig san àm ri teachd, chan e a-mhàin gum bi barrachd dhaoine comasach air a' chànan a bhruidhinn, ach gum bi barrachd dhaoine ga cleachdadh. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e gum bi cothrom aig barrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar am modh conaltraidh gnàthach ann am barrachd is barrachd seòrsa obair làitheil. Gabhaidh Riaghaltas na h-Alba na ceumannan a leanas airson cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh ann an co-theacsan sòisealta, foirmeil agus obrach:

- Leanaidh sinn oirnn le taic do Bhòrd na Gàidhlig airson prìomh bhuilean Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig a libhrigeadh, le prìomhachas air an fheadhainn a chuidicheas le leasachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd.

- Adhartachaidh sinn cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd agus brosnachaidh sinn ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile a bhith a' toirt taic do leasachaidhean san raon seo.
- Leanaidh sinn oirnn a' cumail taic ri MG ALBA agus a com-pàirteachas le Urras a' BhBC ann a bhith libhrigeadh an t-seirbheis Gàidhlig BBC Alba.
- Bheir sinn taic do Bhòrd na Gàidhlig airson adhartas a dhèanamh le gnìomhachadh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig ann an raointean nan ealan, foillseachaidh, nam meadhanan, coimhearsnachd agus an àite-obrach.
- Bheir sinn taic do phròiseactan cultair agus ealain, ag obrachadh le com-pàirtichean gus Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig a libhrigeadh agus airson na h-ealain Ghàidhlig adhartachadh gach cuid an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.
- Leanaidh sinn oirnn ag obrachadh gus inbhe poblach na Gàidhlig a mheudachadh tro shoidhnichean dà-chànanach far a bheil soidhnichean air an ùrachadh fo phrionnsabal spèis co-ionnan.
- Leanaidh sinn oirnn a' cleachdadh na Gàidhlig le ar n-obair coimhearsnachd tro phròiseactan co-cheangailte ri croitearachd agus Lionra Dùthchail na h-Alba.
- Brosnachaidh sinn adhartachadh na Gàidhlig ann an raointean turasachd, dualchas agus cur-seachadan.

► Inbhe

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn gu bheil an t-àite a tha aig cànan anns an àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil e air a chleachdadh, air a mheas agus air fhaicinn gu bhith ga mheas le na h-ùghdarrasan aig a bheil pàirt cudromach nar beatha làitheil a' toirt buaidh air inbhe cànan. Nuair a dh'ardaicheas sinn inbhe na Gàidhlig, tha sinn ag àrdachadh an luach eaconomach agus sòisealta a bheir i don dùthaich. Gabhaidh Riaghaltas na h-Alba na ceumannan a leanas airson gum bi a' Ghàidhlig ri cluinntinn agus ri fhaicinn agus gum bi barrachd aithne agus inbhe aice, gus iomhaigh fhiughaireach a chur air adhart don Ghàidhlig.

- Leanaidh sinn oirnn a' brosnachadh a' Ghàidhlig nar n-àiteachan-obrachadh, ag ullachadh am Plana Gàidhlig reachdail seo fo chumhachdan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus sgrùdadh leantainneach air mar as urrainn dhuinn cur ris.
- Leis gu bheil sinn ag aithneachadh a' Ghàidhlig mar mhain, leanaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gum bi taic air a thoirt do bhuidhnean poblach a fhuair fios bho Bhòrd na Gàidhlig airson Plana Gàidhlig a dheasachadh gus am faigh iad air dòigh fhiughaireach a ghabhail airson leasachadh am Planaichean, agus buannachdan faicsinneach a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig.
- Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach sa tha co-obrachadh eadar buidhnean poblach aig a bheil Planaichean Gàidhlig, agus nì sinn cinnteach gum bi Riaghaltas na h-Alba na phàirt den cho-obrachadh seo, le riochdachadh air GMòr, buidheann de dh'oifigearan a tha an-sàs ann am Planaichean Gàidhlig.

- Nì sinn measadh air poileasaidhean agus iomairtean ùra airson comasan Gàidhlig a leasachadh. Obraichidh Sgioba Gàidhlig is Albais le ar co-obraichean gus seo a bhrosnachadh, agus iarraidh sinn beachd bho Bhòrd na Gàidhlig air iomairtean sam bith a bheir buaidh dhìreach air leasachadh na Gàidhlig.
- Bheir sinn taic do phrìomh raointean rannsachaidh na Gàidhlig, còmhla ri buidhnean eile le com-pàirt san raon seo, mar Bòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus oilthighean air feadh Alba.
- Leanaidh sinn oirnn taic a chumail ri cànan na h-Alba tro Chomhairle Bhreatannach-Èireannach agus a slighe-obrach airson mion-chànain, cànan dùthchasach agus cànan air bheag-chleachdadh.
- Brosnaichidh sinn cleachdadh na Gàidhlig ann an iomairtean sanasachd nàiseanta.

► **Corpas**

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn gu bheil leasachadh iomairtean gus neart, buntainneas, cunbhalachd agus lèirsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh air leth cudromach don chànan ann an Alba san àm ri teachd. Gabhaidh Riaghaltas na h-Alba na ceumannan a leanas gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig na cànan èifeachdach, cunbhalach is beairteach.

- Obraichidh sinn le Bòrd na Gàidhlig air gnìomhachas planaidh corpais an co-bhonn ri buidhnean iomchaidh mar Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Foghlam Alba, Faclair na Gàidhlig, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus na h-oilthighean.
- Nì sinn measadh air builean cànanach phoileasaidhean no iomairtean ùra gus dèanamh cinnteach nach toir iad droch bhuidh air cleachdadh na Gàidhlig, agus far an gabh a dhèanamh nì sinn cinnteach gum bi buaidh fhiughaireach aca.
- Leanaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri Ainmean-Àite na h-Alba airson a bhith cinnteach gum bi ceart-sgrìobhadh cunbhalach sa Ghàidhlig ann an ainmean-àite.
- Obraichidh sinn còmhla ri buidhnean a tha a' rannsachadh san earrann seo gus inbhe na Gàidhlig a leasachadh.
- Leanaidh sinn Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig, foillsichte leis an SQA, nar foillseachaidhean agus meadhanan a tha a' cleachdadh na Gàidhlig.

CAIBIDEIL IV

GNÌOMHACHADH IS SGRÙDADH

► Clàr-ama

Seo an dàrna tionndadh de Phlana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba, agus bidh e an gnìomh airson còig bliadhna bhon cheann-là a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig no gus am bi plana ùr air a chur an sàs. Tha na dleastanasan sa phlana seo a' meudachadh agus a' soilleireachadh, seach dol na àite, na dleastanasan bhon tionndadh cheana den phlana, a bha an gnìomh bho 2010 gu 2015.

► Foillseachadh a' Phlana

Bidh Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba air fhoillseachadh san dà chànan air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba. Còmhla ri sin, bidh sinn:

- a' cur am Plana air adhart air, m.e., meadhanan sòisealta
- ag innse do luchd-obrach mun Phlana agus mu iomairtean fon Phlana tro Eadra-lìon Riaghaltas na h-Alba
- a' toirt seachad lethbhric ma thèid an iarraidh
- innse do chom-pàirtichean mar a gheibh iad fiosrachadh mun Phlana

► Rianachd airson a ghnìomhachadh

'S e am plana seo poileasaidh Riaghaltas na h-Alba agus chaidh aonta a chur ris gach cuid le Ministearan na h-Alba agus le Bòrd Ro-innleachd Riaghaltas na h-Alba.

> Uallach Iomlan

Bidh uallach air an Rùnaire Maireannach airson dèanamh cinnteach aig a' cheann thall gun coilean Riaghaltas na h-Alba na dleastanasan sa Phlana seo.

> Àrd-stiùirichean

Cleachdaidh Riaghaltas na h-Alba dòigh thiomnaichte airson gnìomhachadh a' Phlana agus bidh uallach air Àrd-stiùirichean airson dèanamh cinnteach gum bi an luchd-obrach aca air an dèanamh mothachail air a' Phlana seo agus a' bhuidheann a bhios aige air an raon obrach aca.

> Sgioba Gàidhlig is Albais Riaghaltas na h-Alba

'S ann aig Sgioba Gàidhlig is Albais Riaghaltas na h-Alba, a tha na phàirt de Bhuidheann-stiùiridh an Ionnsachaidh, a tha uallach airson cùisean a bhuineas do phoileasaidh Gàidhlig. Cuiridh sinn aithisg mu adhartas ann an dleastanasan a' Phlana seo gu Bòrd na Gàidhlig gach bliadhna. Obraichidh sinn còmhla ri co-obraichean air feadh ar n-obair gus dleastanas a' Phlana a choileanadh, agus gus cothroman leudachaidh aithneachadh a' dol air adhart. Freagraidh sinn cuideachd iarrtasan airson adhartas a gheibh sinn bhon Bhòrd. Mur bithear a' coinneachadh ri cumhachan a' Phlana, mìnichidh an aithisg air na h-adhbharan air a shon agus na ceuman a tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail gus aghaidh a chur air na duilgheadasan.

> **Buidheann-obrach Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba**

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e na dleastanasan sa Phlana seo a choileanadh, agus mar sin stèidhichidh sinn buidheann-obrach airson seo a chuideachadh nuair a thèid am Plana fhoillseachadh.

> **Luchd-obrach fa leth**

Bidh stiùireadh air a dheasachadh agus air a bhrosnachadh do luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba, a' mìneachadh an dleastanasan agus dè tha am Plana a' ciallachadh dhaibhsan. Bithear a' cur ris an stiùireadh seo nuair a bhios sin iomchaidh le fiosrachadh mu làimhseachadh conaltradh Gàidhlig, fòn agus ullachadh conaltradh dà-chànanach.

> **Seirbheisean air an libhrigeadh le treas phàrtaidhean**

Ni Riaghaltas na h-Alba cinnteach gun toir cumhachan a' phlana seo cumadh air aontaidhean no ullachadh le treas phàrtaidhean a thaobh libhrigeadh a sheirbheisean don phoball far a bheil seo iomchaidh. Tha an dleastanas seo a' gabhail a-steach seirbheisean a dh'fhaodadh a bhith air an leigeil a-mach air chùmhnannt. Far nach eil Plana Gàidhlig aig an treas phàrtaidh, iarraidh sinn orra cumhachan plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a leantainn agus dèanamh cinnteach gun tèid innse don luchd-obrach aca mu chumhachan a' phlana.

Bidh uallach air a' mhanaidsear cunnraidh iomchaidh airson sgrùdadh coileanadh an t-solaraiiche seirbheis an co-cheangal ri ullachadh sam bith air a dhèanamh airson na Gàidhlig. Bidh seo air a dhèanamh mar phàirt gnàthach den mhodh stiùireadh cunnraidh.

> **Goireasachadh a' Phlana**

Ni Riaghaltas na h-Alba solarachadh iomchaidh airson goireasachadh a' Phlana seo, a thaobh nan seirbheisean a tha air an libhrigeadh dìreach thugainn. Bidh e an urra ri NDPBan agus Buidhnean-gnìomha, luchd-ionaid agus cunnradairean ullachadh a dhèanamh airson coinneachadh ri cosgaisean gnìomhachadh nam planaichean Gàidhlig aca fhèin.

> **Sgrùdadh air gnìomhachadh**

Thèid aithisg sgrùdaidh a chur gu Bòrd na Gàidhlig mu gnìomhachadh Phlana seo gach bliadhna. Ann an sgrùdadh gnìomhachadh Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba, cuiridh sinn cudrom air na raointean a leanas gu sònraichte:

- poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba agus mar a tha iad a' toirt buaidh air leasachadh na Gàidhlig
- gnìomhachadh bun-dhleastanasan sònraichte ann an Caibideil II
- na thathar a' cur ri gnìomhachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig mar a tha air a mhìneachadh ann an Caibideil III
- fiosrachadh mu stuthan fhoillseachadh ann an Gàidhlig gu h-iomlan no ann an geàrr-chunntais
- an seòrsa agus an àireamh de bheachdan a gheibhear mu libhrigeadh nan ceuman a tha anns a' Phlana

Fiosrachadh Conaltraidh

Bu chòir ceistean sam bith mu Phlana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba bho latha gu latha a chur gu:

Ruaraidh Mac an t-Saoir
Oifigear Plana Gàidhlig
Sgioba Gàidhlig is Albais
Buidheann-stiùiridh an Ionnsachaidh
Riaghaltas na h-Alba
Raon 2B(S)
Cidhe Bhictòria
Dùn Èideann
EH6 6QQ
Fòn: 0131 244 3111
Post-d: ruaraidh.macintyre@gov.scot

no

Stuart Pescodd
Àrd-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig
Sgioba Gàidhlig is Albais
Buidheann-stiùiridh an Ionnsachaidh
Riaghaltas na h-Alba
Raon 2B(S)
Cidhe Bhictòria
Dùn Èideann
EH6 6QQ
Fòn: 0131 244 0389
Post-d: stuart.pescodd@gov.scot

'S e a' phrìomh oifigeach le uallach airson Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba:

Douglas Ansdell
Ceannard, Sgioba Gàidhlig is Albais
Buidheann-stiùiridh an Ionnsachaidh
Riaghaltas na h-Alba
Raon 2B(S)
Cidhe Bhictòria
Dùn Èideann
EH6 6QQ
Fòn: 0131 244 0336
Post-d: douglas.ansdell@gov.scot



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

© Crown copyright 2017

OGL

This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at www.gov.scot

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at
The Scottish Government
St Andrew's House
Edinburgh
EH1 3DG

ISBN: 978-1-78652-940-4 (web only)

Published by The Scottish Government, April 2017

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA
PPDAS91552 (04/17)

W W W . G O V . S C O T